



## Tomintoul Museum

The Square

Tomintoul Moray

Tel: 01309 673701 Fax: 01309 675863

e-mail: [museums@moray.gov.uk](mailto:museums@moray.gov.uk)

web: [www.moray.org/museums](http://www.moray.org/museums)



**F**ailte gu Taigh Tasgaidh Tom an t-Sabhail, an taigh tasgaidh as airde air Ghaidhealtachd, aig mìle, caid's trì fichead 's a ceithir troigh os cionn airde na mara.

Anns a'bhliadhna naoi ceud trì fichead's sia deug (1976), mar phairt de thachartasan a'comharrachadh da cheud bliadhna de eachdraidh Thom ant-Sabhail, chaidh cruinneachadh a dheanamh de sheann rudan a bhuinneadh ri eachdraidh an aite. Bha cruinneachadh mor ann de innealan 's de airneis tighe bho na laithean bho chain. Chaidh seo uile a chur far am faiceadh a'mhor shluagh iad, ann an Talla a'bhail. Bha an tachartas seo cho soirbheachail gu'n deachaidh iarrtas a chur gu Comhairle Ionadail Mhoiribh, Taigh Tasgaidh fhosgladh ann an Tom an t-Sabhail anns an deadh na chaidh a chruinneachadh a ghleigheadh 's a thaisbeanadh. Gu fortanach dh'aontaich A'Chomhairle, agus ghabh iad thairis seann teagh-fuine "Spalding". Tha nise An Taigh Tasgaidh agus Oifis Fiosrachaidh an luchd turuis anns an togalach seo.

An toiseach chruthaich iad ann an seomar aghaidh an togalaich, cidsean mar a bhiodh anns na seann taighean tuathanaich, le teine fosgailte ann. Ann an naoi ceud deug trì fichead's naoi deug, (1979) chuir iad air doigh am pairt eile de'n togalach far am b'abhaist na h-amhainnean fuine bhi. Gheibhear an seo fiosrachadh is taisbeanadh mu chaochladh chuspairean, mar Eachdraidh, Beo chreutairean, Aimsir, Eolas chreag, agus dreach sgiamhach sgire Thom an t-Sabhail agus Ghleannliobhaid.

Tha taisbeanadh ri toabh a'chidsean ag innse mu obair buain na monadh, oir b'e moine connadh a bha daoine cleachdadh gu bitheanta anns na sgirean duthchail suas gu meadhon na ficheadeamh linn. Chan'eil duine a'buain mhonadh 'san t-seann doigh an duigh, ach tha moran moine air a buain fhathast air a'mhointich faisg air Tom an t-Sabhail, le innealan mora

cumhachdach. Tha a'mhoine seo ga reic airson connadh agus airson garaidhean.

Anns an Fhaoileach naoi ciad deug ceithir fichead's a ceithir (1984), chraobh sgaoil am B.B.C. fiolm ghoirod a chaidh a thogail 'san t-seann Chidsean. Tha fiosrachadh mu'n fiolm seo ri faicinn anns an Taigh Tasgaidh. Anns a'bhliadhna naoi ciad deug ceithir fichead agus sia (1986) leig Raymond Mac an Toisich, an gobha mu dheireadh a bha ag obair an Tom ant-Sabhail, dheth a dhreuchd. Thug e seachad A'cheardaich, agus gach inneal's airneis a bha innte do'n Taigh Tasgaidh. Se tiodhlac phriseil bha seo.

Re nam bliadhnachan 1996/97, ghabh coimhearsneachd Thom ant-Sabhail pairt ann am proiseacht rannsachaidh mu'n sgìre. Chrìochnaich an rannsachadh le taisbeanadh fo'n ainm "Air Fraoch is Monadh – Tom an t-Sabhail agus Gleannliobhaid-- Dealbh an Aite". Choisinn seo duais bho Chomhairle Taighean Tasgaidh Alba. Tha clach shnaidhte ag innse mu'n duais seo ri faicinn anns an Taigh Tasgaidh.

Tha taghadh inntinneach de dhealbhan ri'm faicinn. Dealbhan de lusan is ainmhidhean an aite, dealbhan mu'n aimsir, agus gu sonraichte dealbhan de sporsan a'gheamhraidh, mar "Sgitheadh". Tha an spors seo aig An Leac, a tha faisg air Tom an t-Sabhail, a tarruing miltean mora do'n sgìre anns a Gheamhradh an uair tha sneachd gu leor ann. Tha cuideachd moran dhealbhan ann a tha sealltainn eachdraidh nan seann laithean ann an Tom an t-Sabhail, agus gheibh sibh leth bhreacan de na dealbhan seo ri cheannach, ma tha sibh air an son.

Tha sinn an dochas gu'n cord an Taigh Tasgaidh ruibh, agus gu'n cum luchd turuis agus muinntir na sgìre a'tadhal agus a'faighinn taitneas agus toileachas ann.

Cuiribh fios ugainn ma tha sibh ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh. Chi sibh an duilleig fiosrachaidh, agus air an larach lin againn ciamar a gheibh sibh fios ugainn.

Tapa leibh airson tadhal.



**Produced by The Moray Council Museums Service, and Volunteers  
from Tomintoul Museum.**

**For more information please contact The Falconer Museum,  
Tolbooth Street, FORRES IV36 1PH Tel No (+44) 01309 673701**

**The Moray Council Museums Service is a part of The Moray  
Councils' Department of Educational Services**